

**Coinneamh:** Bòrd-stiùiridh  
**Ceann-là/Àm:** 12 Dùbhlachd 2024 aig 09.30  
**Càite:** Microsoft Teams

## Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

#### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

##### Buill Bùird an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phì (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Michelle NicLeòid (MNL)

Jennifer Gilmour (JG)

Seonaidh Charity (SC)

Rob Dunbar (RD)

##### An làthair:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim (JMH)

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)

##### Leisgeulan:

Stewart MacLeòid (StML)

Michelle NicLeòid (MNL)

#### 1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

JG – Riaghaltas na h-Alba

#### 1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

### 2. Conaltradh

#### 2.1. Buidheann-obrach Geàrr ùine air Cothroman Eaconamach

##### is Sòisealta don Gàidhlig

Thug a' Cheannard fios gu robh am pàipear seo a' taisbeanadh freagairt Riaghaltas na h-

Alba don aithisg Buidheann-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don

Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh air 22 Samhain 2024. Thugadh fios air a bhuaidh a bhios aig seo air obair na Gàidhlig.

Thog Buill gur e fiosrachadh inntinneach is cudromach a bha an lùib an aithisg. Bheachdaich iad air duilgheadasan a bhios a' toirt buaidh air a' Ghàidhlig, a leithid còmhfhail, taigheadas is obraichean, agus ciamar a b' urrainnear dèiligeadh leotha.

Dh'aithnich Buill cho feumail sa tha e gu bheil an Riaghaltas a thoirt aire don Ghàidhlig agus gu robh iad a gabhail ri phuingean bhon aithisg. Chaidh còmhradh a chumail air na h-atharraichean a chaidh a dhèanamh don bhile air an 11 Dùbhlachd 2024. Chaidh beachdachadh air coimiseanair, dè na buannachdan a bhiodh seo a thoirt gu bith, agus ciamar as urrainnear na buannachdan seo a choileanadh taobh a-staigh dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig. Thugadh beachd air cho cudromach sa bhios ìre trì den Bhile agus gum bi Bòrd na Gàidhlig a gabhail pàirt ann an dòigh sam bith as urrainn.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## **2.2. Conaltradh le luchd-ùidh**

Chaidh a' Cheannard tron fhiosrachadh sa phàipear agus thog i cho cudromach sa tha an làrach-lìn is na meadhanan sòisealta do dh'obair Bhòrd na Gàidhlig agus gu bheil sgrùdadh is leasachadh ga dhèanamh airson aithneachadh ciamar as urrainnear ar sgeulachd ag innse ann an dòigh as iomchaidh, a' toirt a-steach dùbhlain le goireasan.

Thog Buill gu bheil sealladh na naidheachdan mun Bhile agus am buidseat gu math dòchasach agus gur e cothrom a th' ann seo a' glacadh gus sealladh Bhòrd na Gàidhlig a' sealltainn. Thug a' Cheannard fios gu bheilear mothachail air seo agus gu bheil obair a' dol gus barrachd fiosrachadh mu obair Bhòrd na Gàidhlig a' sgaoileadh do luchd-ùidh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## **3. Plana Corporra is Coileanadh**

### **3.1. Aithisg air PCCan Plana Corporra 2023-28**

Thug IMM fios gu bheil an aithisg ag amas sealladh do Bhuill air obair Bhòrd na Gàidhlig airson na còig bliadhna ri tighinn agus dè an obair a tha dol a thaobh am Plana Nàiseanta. Thugadh fios air adhartas leis na PCCan. Dh'iarr e fios bho Buill an robh seo a' toirt sealladh math dhaibh air na bha dol aig Bòrd na Gàidhlig.

Dh'aontaich Buill gu robh gu leòr fiosrachadh ann agus gu robh e math blas fhaighinn air dè am buaidh a th' aig obair Bhòrd na Gàidhlig. Thog iad gum bi e feumail barrachd sgaoileadh air na meadhanan sòisealta gus am buaidh seo a' sgaoileadh, agus chaidh beachdachadh air am balans ceart a tha a dhìth airson seo a dèanamh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

### **3.2. Foghlam agus Ionnsachadh**

Thug JMH fios air an fhiosrachadh sa phàipear. Dh'fhaighnich Buill mu dè bh' anns an cairt luchd-ionnsachaidh. Thug JMH fios gu robh e co-cheangailte ri ath-leasachadh an SQA agus iad a' moladh gum bi cairt luchd-ionnsachaidh agus cairt luchd-ùidh air an cruthachadh, gus dleasan na buidhnean a' dèanamh soilleir agus freagarrach don a h-uile duine.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## **4. Rianachd Mhì-chinntean**

### **4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail**

Thug NP fios gu robh atharraichean air a dhèanamh air na smachdan agus gnìomhan. Chaidh iad seo air an deasbad agus aontachadh aig an coinneamh den Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd san t-Samhain agus a chur ris a chlàr mar a chithear a thaisbeanadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na molaidhean sa phàipear.

## 5. Ionmhas

### 5.1. Aithisg Ionmhas

Thug NP fios gu robh an fhiosrachadh air fad 's na pàipearan.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

## 6. Cùisean Corporra

### 6.1. Prògram Choinneamhan 2025/26

Thug NP fios gum bi na coinneamhan fhathast air loidhne ach gun tèid aon choinneimh sa bhliadhna a chumail aghaidh ri aghaidh, agus gun tig tuilleadh fios mu seo a dh'aithghearr. Mhol an Sgioba Stiùiridh gun tèid trì choinneamhan le ceann-là stèidhichte den Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan a chumail, leis an ceathramh coinneamh ga chumail nuair a tha am feum as motha. Dh'iarr NP air fios air ais bho Buill ma tha trioblaidean aca leis na cinn-làithean ro 20mh Dùbhlachd.

Thog Buill ceist mun latha air a bheil choinneamh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan sa Chèitean agus tillidh NP air ais thuca le dearbhadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na molaidhean sa phàipear.

## 7. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

### 7.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thug a' Cheannard fios gu robh am fiosrachadh uile ri fhaicinn sa phàipear.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na molaidhean sa phàipear.

## 8. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 13/03/2025

**Deireadh an t-Seisein**